Tha Bun-sgoiltean Shlèite agus Stafainn aig an ìre seo agus chaidh an comharrachadh le Comhairle na Gàidhealtachd mar sgoiltean Gàidhlig le Beurla. Ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar tha bun-sgoiltean aca fhèin far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid, no far a bheil e a' fàs anns na tràth-bhliadhnaichean de dh'fhoghlam bun-sgoile.

Tha Comhairle nan Eilean Siar a' beachdachadh air slighe far am biodh iad a' comharrachadh sgoiltean Gàidhlig ann an dòigh a tha coltach ris an stèidh air a bheil Slèite agus Stafainn. Bhiodh seo a' gabhail ris gu robh foghlam tro mheadhan na

Gàidhlig aig a' mhòr-chuid, ach bhiodh foghlam tron Bheurla fhathast ga thairgse, cho fad sa bhiodh iarrtas ann air a shon.

Anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad chaidh tòrr a dhèanamh a chumail taic ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman leasachaidh fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig anns na bliadhnaichean as tràithe. Tha seo air soirbheachadh gu ìre agus mar a tha fàs a' tighinn agus a' leantainn, tha dùil gun tig àrdachadh ann an àireamhan chloinne a' dol tro fhoghlam Gàidhlig anns a' bhun-sgoil.

Tha am fàs anns na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar dhàrna cànan, agus gu sònraichte aig ìre bun-sgoile, gu math misneachail. Anns na bun-sgoiltean, tha seo a' cuideachadh le trèanadh luchd-teagaisg gan cuideachadh le sgilean-cànan agus a' toirt cothrom dhan òigridh a bhith ag ionnsachadh mun Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal. Ged a tha seo air a bhith stèidhichte son grunn bhliadhnaichean, thathas air cur ris bho chionn ghoirid tro iomairt airson ionnsachadh cànan 1+2. Tha seo ga neartachadh buileach nuair a tha leantainneachd ri fhaighinn airson Gàidhlig ionnsachadh anns an àrd-sgoil.

Tha seo eadar-dhealaichte bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil Gàidhlig air a cleachdad mar mheadhan teagaisg, ach tha cothrom na lùib, nuair a tha leantainneachd chun na h-àrd-sgoile ri fhaotainn, a bhith a' cur ri sgilean cànan òigridh gu ìre gu math coileanta.

Tha na tha buidhnean agus structaran foghlaim an Alba a' dèanamh ann a bhith a' cumail taic ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba agus a' leasachadh chûisean deatamach. Tha buidhnean leithid Foghlam Alba, SQA, GTCS, Comhairle Maoineachadh na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Ionadan Trèanaidh Teagaisg a' cur gu mòr ri bhith a' brosnachadh, a' fàs agus a' cumail taic ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na h-Alba. Còmhla ri na buidhnean sin, tha àite air leth aig Stòrlann ann a bhith taiceil do phàrantan, òigridh agus luchd-teagasg a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

### **An t-àite aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Poileasaidh Gàidhlig**

***Tha e na amas aig Riaghaltas na h-Alba gum bi a' Ghàidhlig tèarainte an Alba anns an àm ri teachd***

'S e an aon dòigh air seo a' dhèanamh an àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidheann agus a' cleachdad na Gàidhlig fhàs. Faodaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith gu math deatamach an seo, an dà chuid tro oidhirpean òigridh Gàidhlig ionnsachadh, ach cuideachd tron bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air cleachdaidhean cànan anns an dachaigh, anns a' choimhearsnachd agus an raon-obrach.

Tha cothrom ann do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' chànan a neartachadh air feadh na dùthcha. Eadar 2001 agus 2011 chaidh àrdachadh a chlàradh anns an tomhas de dh'òigridh anns na h-aoisean 3-4, 5-14 agus 15-19 a bha a' bruidheann na Gàidhlig. (3)

Ged a tha sin mar a tha e, tha a' chànan anns a' chumantas ann an staid gu math cugallach agus mi-chinnteach agus chan eil na h-àireamhan a tha aig a' cheart àm a' tighinn tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ged a tha iad misneachail gu leòr gu ìre, fhathast làidir gu leòr airson slighe crìonaidh a' chànan a thilleadh ann an Alba.

'S e an rud a tha cudromach ann a bhith a' buinnig seasmhachd dhan chànan anns an àm ri teachd gun tig fàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air dìreach gum bi sin againn agus ri fhaotainn.

Shoirbhich le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gu h-iongantach ann an cuid de dh' àiteachan, ach ann an cuid de sgìrean tha cùisean air a bhith slaodach, agus ged a tha iarrtas air nochdad bho phàrantan tha maill an cùisean air bacadh a chur air an àireamh de dh'aonadan tro mheadhan na Gàidhlig no roinnean agus sgoiltean far a bheil am modh foghlaim sin a' fàs.

Tha e fiòr dheatamach cuideachd gun tèid barrachd luchd-teagaisg Gàidhlig a lorg agus fhastadh agus tha seo, còmhla ri grunn adhbharan eile, 's dòcha air a bhith a' cur ris an dàil a tha an cuid de dh' àiteachan mu choinneamh a bhith a' stèidheachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

***Bhiodh e na adbhar poileasaidh aig Bile foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig a bhith a' libhrigeadh fàs agus leasachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig***

Tha e na amas aig Riaghaltas na h-Alba foghlam tro mheadhan na h-Alba fhàs agus còmhla ri prìomhachasan poileasaidh a thaobh na Gàidhlig, ghealladh anns a' mhanifesto "rannsachadh a dhèanamh air mar as urrainnear còraichean a chruthachadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig." Tha am pàipear conaltraidh seo ga fhoillseachadh an ìre mhath mu choinneimh sin.

Tha seo a' leantainn mar a chaidh a ghealltaiinn roimhe sin ann am manifesto (2007-11) gum biodh "cumhachd an lagh a' gealltaiinn chòraichean foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre bun-sgoile, far a bheil iarrtas reusanta." Bha iarrtas airson còraichean fon lagh mu choinneamh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd gu math follaiseach anns a' chonaltradh mu Bhile na Gàidhlig ann an 2003-04.

Gu dearbh, anns an sgrùdadadh a chaidh a dhèanamh an dèidh a' cho-chomhairle air Bile na Gàidhlig ann an 2004, cho-dhùin an sgioba rannsachaidh gur e teachdaireachd cho làidir sa bh'ann gum bu chòir do Bhile Gàidhlig a bhith a' daingneachadh chòraichean airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil iarrtas reusanta.

Bha beachdan co-chomhairle mu fhoghlam Gàidhlig cuideachd gu math follaiseach anns a' chonaltradh mu Bhile Sgoiltean (Conaltradh) (Alba) ann an 2009. Nochd taic làidir airson piseach a thoirt air cothroman fhaighinn air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Aig an dearbh àm, fhuair Comataidh Foghlam, Ionnsachadh Fad-bheatha & Cultar Pàrlamaid na h-Alba grunn bheachdan ann an sgrìobhadh mu chothroman airson

foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ghabh a' Chomataidh aire dhen fhianais a thàinig thuca mu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ach bha iad dhen bharail nach robh còir dèiligeadh ris a' cheist mar phàirt dhen sgrùdadh aca air Bile nan Sgoiltean (Conaltradh) (Alba). Thug a' Chomataidh fa-near gur e toil an Riaghaltas tuilleadh meòrachaидh a dhèanamh air a' chùis seo. (4)

## Na molaidhean

**‘S e a’ phrìomh mholadh bho Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir modh-obrach a stèidheachadh fon lagh a bheireadh cothrom do dh’ ùghdarrasan ionadail beachdachadh air iarrtasan bho phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig taobh-staigh clàr-ama reusanta.**

Chuireadh Riaghaltas na h-Alba cuideachd fàilte air beachdan tron cho-chomhairleachadh mun mholadh gum bu chòir do dh’ùghdarrasan ionadail a bhith a’ brosnachadh na Gàidhlig anns na sgìrean aca fhèin agus am moladh gum bu chòir stiùireadh a dheisealachadh air na modhan anns am bu chòir a bhith a’ lìbhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean.

Dh’fhaodadh gun neartaich na molaidhean seo foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tha Riaghaltas na h-Alba dhen bharail gu bheil pàirt gu math cudromach gu bhith aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann a bhith a’ cruthachadh slighe thèarainte dhan Ghàidhlig anns an àm ri teachd.

Aig a’ cheart àm chan eil modh-obrach reachdail ann a tha a’ tairgse mìneachadh soilleir no aontaichte do dh’ùghdarrasan air dòighean anns am bu chòir iarrtasan phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a mheasadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, no a tha a’ tairgse cinnt do phàrantan gun tèid breithneachadh air na h-iarrtasan aca airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an dòigh a tha mionaideach agus fosgalte, agus gun tèid am freagairt taobh-staigh clàr-ama reusanta.

Bhiodh seo a’ ciallachadh uallach a bharrachd a bhualeachadh air ùghdarrasan. ‘S dòcha gum biodh an t-uallach ùr seo a’ gabhail a-staigh còraichean phàrantan a bhith a’ cur am beachdan air adhart gu ùghdarrasan ionadail agus gum biodh seo a’ tòiseachadh modh-obrach far am feumadh an t-ùghdarris ionadail beachdachadh gu mionaideach air an iarrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Air an làimh eile, dh’fhaodar dèiligeadh ris a seo le bhith a’ cur uallach ùr air ùghdarrasan ionadail a bhith an coluadar le pàrantan mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus an dèidh co-chomhairle gum bu chòir breithneachadh am bu chòir sin a thairgse.

Bhiodh an dà mheadhan air cùisean a rèiteach, coluadar le na pàrantan leis na h-ùghadarrasan no iarrtasan gu na h-ùghdarrasan bho phàrantan, an uair sin a’ biathadh a-steach gu modh-obrach a bhiodh a’ freagairt bheachdan nam pàrantan. Dh’fheumadh am modh-obrach seo cuideachd a bhith comasach air dèiligeadh ri suidheachadh far an rachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh anns an sgìre.

Thèid mìneachadh nas mionaidiche a dhèanamh air seo an dèidh an eacarsaich co-chomhairle seo agus tha e coltach gum biodh sin a' gabhail a-staigh measadh air diofar chùisean iomchaidh le ùghadarrasan ionadail. Tha e cuideachd coltach gum biodh àite aig Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Ministirean na h-Alba ann am modh-obrach reachdail sam bith a rachadh a chur air dòigh.

Anns a' cho-chomhairle seo cuideachd bidh sinn a' cur fàilte air beachdan mu sgoiltean Gàidhlig fa-leth. Bidh e cudromach coimhead air na ceistean air am bu chòir a bhith a' coimhead anns a' ghluasad bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoil far a bheil dà shruth làimh ri làimh gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoil Ghàidhlig fa-leth.

Airson seo a thoirt air adhart feumaidh sinn coimhead gu mionaideach air modhan-obrach no innleachd a ghabhadh cleachdadach an rachadh freagairt sgiobalta agus reusanta a thoirt do phàrantan a bhiodh a' sreachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, no atharrachadh gu sgoil Ghàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' moladh gum bu chòir do bhrosnachadh agus stiùireadh mu cheistean Gàidhlig nochdadh anns an lagh seo. A thaobh brosnachaidh, thathas a' moladh gum bu chòir dhan lagh seo a bhith a' gabhail a-staigh uallach a rachadh a chur air ùghdarrasan a bhith a' brosnachadh gu follaiseach an dà chuid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an sgìre comhairle.

A thaobh stiùiridh, thathas a' moladh gum bu chòir dhan lagh seo a bhith a' gabhail a-staigh uallach a rachadh a chur air Riaghaltas na h-Alba stiùireadh a dheisealachadh a tha a' mìneachadh mar a bu chòir foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh ann an sgoil agus mar bu chòir a làimhseachadh le ùghdarrasan ionadail.

Tha am fòcas seo air cothroman a bhith a' faighinn gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le àrdachadh inbhe agus slighe coileanta rèidh bho thràth-bhliadhnaichean na bun-sgoile a-steach gu àrd-sgoil, a' fuasgladh ceistean eile mu dhearbhadh agus mar a bhiodh ùghdarrasan ionadail a' libhrigeadh agus a' stiùireadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Nan rachadh Stiùireadh a dheisealachadh bhiodh e na chuideachadh do phàrantan agus ùghdarrasan ann a bhith a' dèiligeadh ri na rùintean agus uallaichean an lùib a bhith a' làimhseachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha sinn an dòchas gum biodh lagh sam bith a rachadh a thoirt air adhart soilleir is furasta a thuigsinn, stèidichte air modhan-obrach anns a bheil earbsa aig gach buidheann a tha an sàs anns a' chùis.

## Buannachdan agus Cuideam

*Dh'fheumaiste coimhead ri iarrtas airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mu choinneamh ceistean iomchaidh eile leithid àireamhan luchd-teagaisg.*

Mar a chaidh a mhìneachadh roimhe seo, `s e adhbhar poileasaidh a' Bhive foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig seo a bhith a' cur ri fàs agus leudachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Mar a chaidh a ràdh roimhe seo `s e priomh adhbhar nam molaidhean anns a' phàipear co-chomhairleachaidh gum bu chòir stiùireadh a dheisealachadh air mar a bu chòir foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean, gum bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail a bhith a' foillseachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na sgìrean aca fhèin, agus gum bu chòir modh-obrach reachdail a stèidheachadh far an rachadh iarrasan phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a mheasadh.

Tha e an urra ri ùghdarrasan ionadail a bhith a' stèidheachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean. Tha sgeama taic calpa agus teachd-a-steach aig Riaghaltas na h-Alba airson cobhair a dhèanamh air ùghdarrasan ionadail le cosgaisean foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an t-ionmhas seo, bho Riaghaltas na h-Alba, a bharrachd air a' mhaoin a th'aig ùghdarrasan ionadail agus tha taic eile ga chur ris tro chuideachadh a tha a' tighinn bho bhuidhnean agus structaran poblach eile airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba.

A thaobh stiùireadh reachdail, chan eil sinn dhen bheachd gum biodh stiùireadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dheisealachadh no fhoillseachadh a' cur ìmpidh mhòr sam bith air stòras. Tha am moladh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh `s dòcha a' dol a tharraing barrachd iarrasan, ach dh'fhaodadh uallach mar seo na h-àireamhan a tha a' frithealadh clasaichean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig a' cheart àm àrdachadh, a' dearbhadh barrachd luach mu choinneimh an airgid agus an stòras a tha an t-ùghdarris a' gealltann tro luchd-teagasc agus stòras eile.

Tha an treas moladh a' feuchainn ri modh-obrach reachdail a dhealbh do dh'ùghdarrasan airson iarrasan phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a mheasadh. Thathas a' moladh gur ann a-mhàin an dèidh measadh a dhèanamh air raon cheistean, agus am measg sin cosgaisean, a rachadh sudheachaidhean ùra, no a bharrachd a stèidheachadh. Bhiodh taic airgid airson Gàidhlig ri fhaotainn a chuideachadh le leasachaidhean ùra ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Chan eil sinn a' smaoineachadh gum biodh na molaidhean anns a' phàipear-comhairleachaidh a' cur stòras fo ìmpidh mhòr. Nam biodh cuideam ùr a bharrachd a' nochdad, bidh taic ri fhaotainn. Gu dearbh, nan rachadh na molaidhean sin air adhart, an co-cheangal ri taic airgid Gàidhlig, dh'fhaodadh gum biodh comhfhurtachd a bharrachd ann do dh'ùghdarrasan ionadail gum bi taic ann ach an rachadh aonadan ùra foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.

Bhiodh ceistean mu chinnt timcheall air àireamhan luchd-teagasc Gàidhlig cuideachd cudromach ann an còmhraidhean sam bith mu bhith a' leudachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha grunn iomairtean gan cur air adhart mar tha airson cùisean a leasachadh an seo. Tha e soilleir nach biodh buannachd ann a bhith a' cruthachadh còraichean no a' stèidheachadh modh-obrach airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig nach robh a' gabhail a-staigh làthaireachd luchd-teagasg tro mheadhan na Gàidhlig far an robhas ga shireadh.

Tha foghlam Gàidhlig air a bhith a' sìor lorg barrachd luchd-teagasg. Tha grunn iomairtean stèidhichte mar tha a tha a' feuchainn ri àireamhan luchd-teasgag na Gàidhlig àrdachadh agus luchd-teagasg Gìdhlig a thàladh.

Tha Riaghaltas na h-Alba aig a' cheart àm a' maoineachadh dreuchd stèidhichte aig Bòrd na Gàidhlig, a tha a' coimhead ri trusadh luchd-teagasg tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha dòighean ùra gan cruthachadh airson daoine a thàladh chun na h-obrach. Tha sin a' gabhail a-staigh càrsaichean pàirt-ùine agus thar-astar, a bharrachd air càrsaichean-bogaidh agus aiseag eadar obraighean. (5)

Tha grunn de na h-iomairtean sin a' soirbheachadh agus thar nam bliadhnaichean a dh'fhalbh tha an àireamh as àirde riamh de luchd-teagasg le teisteanasan ùra ann an Gàidhlig air a dhol dhan t-siostam bho na h-Ionadan Trèanaidh.

Tha obair cuideachd a' dol air adhart a' tairgse cobhair do dhaoine atharrachadh bho theagasg am Beurla gu Gàidhlig agus tha iomairtean còmhla ri ùghdarrasan ionadail air piseach a thoirt air àireamhan Bhun-Sgoiltean a tha a' dèiligeadh ri Gàidhlig air feadh Alba.

Chomhairlich Riaghaltas na h-Alba Comhairle Maoineachaidh na h-Alba gum bu chòir leantainn le sruth luchd-teagaisg le comasan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh mar phriomhachas agus gum bu chòir dhan Chomhairle cumail orra le bhith brosnachadh leasachadh anns an raon seo.

## Taic

### ***Tha taic làidir thar-phàrtaidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba airson foghlam Gàidhlig***

A bharrachd air sin, tha taobh aig mòran ris a' bheachd gum bu chòir do shaoghal na Gàidhlig a bhith tèarainte a' dol air adhart. Tha dearbhadh air seo ri fhaighinn ann an tomhas bheachdan a' mhòr-shluagh air Gàidhlig. (6)

Tha an Riaghaltas a th'againn aig a' cheart àm dhen aon bharail agus ag iarraidh piseach a thoirt air an àireamh de dhaoine ag ionnsachadh, a' bruidheann agus a' cleachdadhbh na Gàidhlig.

Mar a chaidh a mhìneachadh roimhe, tha e furasta gu leòr fianais a lìbhrigeadh a chuireas taic ris a' bheachd gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fior chudromach anns an rùn seo agus cuideachd gu bheil mòran aig seo ri chur ri caochladh thaobhan eile de dh'foghlam na h-Alba.

Tha taic Riaghaltas na h-Alba airson foghlam Gàidhlig, MG Alba agus na h-ealain Ghàidhlig air raon soirbheachail a chruthachadh ann am foghlam na h-Alba agus air coimhearsnachd bheag a mhisneachadh gu bhith a' toirt buaidh mhòr air beatha chultarail na h-Alba.

A bharrachd air sin, aig àm nuair a tha bun-reachd na dùthcha ag atharrachadh, tha cothrom math aig Gàidhlig dearbhadh cho cudromach sa tha i ann am fèin-aithne agus dualchas na dùthcha roimhe seo, agus cuideachd mar a dh'fhaodas Gàidhlig cur gu mòr anns an àm ri teachd ri saoghal cultarail na dùthcha ann an raon gu math farsaing.

Tha grunn chùisean a tha am feum rannsachadh mionaideach agus mion-sgrùdadh ann a bhith a' stèidheachadh còraichean do phàrrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chuireamaid fàilte air na beachdan agaibh mar ghnothach a tha cudromach anns a' cho-chomhairleachadh seo.

## **Notaichean**

1. O'Hanlon, F; McLeod, W agus Paterson, L: 'Gaelic-medium Education in Scotland: choice and attainment at the primary and early secondary school stages'. (2010), agus, O'Hanlon, F., Paterson, L., Ormston, R., agus Reid, S.: 'Public Attitudes to Gaelic in Scotland', Soillse Research Digest 3, Inbhir Nis, Soillse. (2013), agus, Lachlan, F., Parisi, M. agus Fadda, R. (2012), 'Bilingualism in Sardinia and Scotland: Exploring the cognitive benefits of speaking a 'minority' language'. International Journal of Bilingualism (2012), agus Baker, C., 'Foundations of Bilingual Education and Bilingualism', Multilingual Matters. (2011)
2. *Data Foghlam Gàidhlig 2013-14, Bòrd na Gàidhlig*, (2013)
3. Cunntasan Nàiseanta na h-Alba, 2011 Census – *Fiosrachadh 2A*. (NRS, 2013), p. 27.
4. Ìre 1 Aithisg air Bile (Co-Chonaltradh) nan Sgoiltean (Alba), Comataidh Foghlaim, Ionnachadh Fad-Bheatha agus Cultar, 2009.
5. Cùrsa bogaidh do luchd-teagaisg - [http://www.ed.ac.uk/schools-departments/literatures-languages-cultures/celtic-scottish-studies/news-events/gaelic-immersion-for-teachers\\_-](http://www.ed.ac.uk/schools-departments/literatures-languages-cultures/celtic-scottish-studies/news-events/gaelic-immersion-for-teachers_-)

MA – Gàidhlig agus foghlam bun-sgoile - <http://www.ed.ac.uk/schools-departments/literatures-languages-cultures/celtic-scottish-studies/undergraduate/gaelic-and-primary-education/overview>

UHI – Trèanadh bunaiteach luchd-teagaisg -  
<http://www.uhi.ac.uk/en/courses/pgde-primary-teaching>

6. O'Hanlon, F., Paterson, L., Ormston, R., agus Reid, S.: 'Public Attitudes to Gaelic in Scotland', Soillse Research Digest 3, Inbhir Nis, Soillse. (2013)

PÀIPEAR CO-CHOMHAIRLEACHAIDH AIR BILE FOGLAIM TRO MHEADHAN  
NA GÀIDHLIG  
Ceistean Co-Chomhairle

**Dè na beachdan a th'agaibh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig?**

Bheil sibh ag aontachadh gum bu chòir modhan-obrach a bhith ann do dh'ùghdarrasan ionadail a' mìneachadh mar a tha còir aca dèiligeadh ri iarrtasan phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig no leasachadh air an dearbh chuspair.

Tha  Chan Eil  Chan eil fios agam/againn.

**Dè bu chòir do dh'ùghdarrasan a bhith a' dèanamh nuair a gheibh iad iarrtas bho phàrantan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig?**

**Dè na beachdan a th'agaibh air sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig?**

Cò air a bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail a bhith a' beachdachadh nuair a thig iarrtas thuca bho phàrantan airson sgoil le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoil far a bheil Beurla is Gàidhlig làimh ri làimh atharrachadh gu sgoil Ghàidhlig fa-leth.

**Bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil feum air stiùireadh bhon riaghaltas nàiseanta a shoilearachadh do dhaoine anns an fharsaingeachd dè th'ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus mar a bu chòir a bhith ga làimhseachadh?**

Tha  Chan Eil  Chan eil fios agam/againn.

**Dè na cuspairean a tha còir a bhith anns an stiùireadh sin?**

**Dè na beachdan a th'agaibh air na th'aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri chur ri suidheachadh na Gàidhlig anns an àm ri teachd?**

**Dè na rudan eile a ghàbhadh cur air adhart ach am biodh daoine air am misneachadh mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus dè mar a rachadh a leasachadh?**

**Bheil beachdan sam bith eile agaibh ri chur ris an fhreagairt seo?**

**Tapadh leibh**

**PÀIPEAR CO-CHOMHAIRLEACHAIDH AIR BILE FOGLAIM TRO  
MHEADHAN NA GÀIDHLIG  
FOIRM FIOSRACHAIDH FREAGAIRT**



**Thoir an aire: feumar a' bhiveag seo a thilleadh còmhla ri na beachdan agaibh  
ach an làimhsich sinn cùisean gu h-ionchaidh.**

**1. Ainm/Buidheann**

Ainm na buidhne

Tiotal Mghr  Ms  Bh-Ph  Miss  Oll   
Comharrach mar a tha iomchaidh

Sloinneadh

Ainmean

**2. Seòladh puist**

Còd Puist

Fòn

Post-d

**3. Cead - Tha mi a' freagairt mar**

Neach fa-leth

/

Buidheann

Comharrach gu h-ionchaidh

- (a) Bheil thu a' ceadachadh do fhreagairt fhoillseachadh dhan mhòr-shluagh (an leabhar-lann Riaghaltas na h-Alba agus/no air làrach-lìn an Riaghaltais)?

Comharrach gu h-ionchaidh  
 Tha  Chan eil

- (b) Far nach eil diòmhaireachd air iarraidh, foillsichidh sinn na freagairtean agaibh dhan mhòr-shluagh air bhonn seo

Comharrach AON de na  
bocsaichean a leanas

- (c) Thèid an t-ainm aig a' bhuidhinn  
agaibh fhoillseachadh dhan mhòr-shluagh (an leabhar-lann  
Riaghaltas na h-Alba agus/no air  
làrach-lìn an Riaghaltais)

A bheil thu riaraichte gun tèid **do  
fhreagairt** fhoillseachadh?

Comharrach mar a tha iomchaidh  
 Tha  Chan eil

Tha cead agaibh na  
freagairtean agam, m'ainm  
agus mo sheòladh uile  
fhoillseachadh

no

Tha cead agaibh na  
freagairtean agam  
fhoillseachadh, ach chan  
fhaod sibh m'ainm no mo  
sheòladh a chleachdadh

no

Tha cead agaibh mo  
fhreagairt agus m'ainm  
fhoillseachadh, ach chan  
fhaod sibh mo sheòladh a  
chleachdadh

- (d) Bidh sinn a' sgaoileadh na beachdan agaibh am measg bhuidhnean poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a tha 's dòcha a' coimhead air na cùisean a tha sibh a' togail. Ma tha iad airson fios a chur thugaibh a-rithist an dèidh seo, feumaidh sinn cead bhuaibh sin a dhèanamh. Bheil sibh riaraichte gu lèor gun tig Riaghaltas na h-Alba air ais thugaibh mun choluarad seo?

**Comharrach mar a tha iomchaidh**

Tha  Chan eil



The Scottish  
Government  
Riaghaltas na h-Alba

© Crown copyright 2014

You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence. To view this licence, visit <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/> or e-mail: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

ISBN: 978-1-78412-554-7 (web only)

Published by the Scottish Government, June 2014

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

Produced for the Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
DPPAS31459 (06/14)

w w w . s c o t l a n d . g o v . u k